


A' dèanamh an eadar-dhealachaidh

Iomairt ann am foghlam



Faodaidh pàrantan agus luchd-cùraim fìor eadar-dhealachadh a thoirt air soirbheachas an leanabh aca. Tha neartan, sgilean agus ùidhean eadar-dhealaichte aig gach leanabh. Chan eil e gu diofar dè a tha annta seo, tha clann nas misneachaile a thaobh an comasan fhèin agus air am brosnachadh nas fheàrr gus a bhith soirbheachail, nuair a tha dòigh-dèiligidh mhath aca a thaobh ionnsachaidh. Tha clann ag ionnsachadh ann an dòighean ùra agus cruthachail ann an sgoiltean, a' toirt aithne do na tàlant an aca fhèin agus a' leasachadh sgilean a chuidicheas iad nas fhaide air adhart nam beatha. Le bhith a' misneachadh an leanabh agaibh gus sealladh deimhinne a bhith aca, agus cuid den dleastanas a ghabhail airson an ionnsachaidh fhèin, faodaidh sibh an cuideachadh gus a bhith 'iomairteach' agus gus soirbheachadh.



Dè tha sinn a' ciallachadh le bhith 'iomairteach'?

Tha sgoiltean mar-thà a' brosnachadh chloinne gus a bhith iomairteach tro ro-innleachd fon ainm 'Dioghrasach gus Soirbheachadh'. Tha e ag amas air cuideachadh a thoirt do gach leanabh gus na neartan agus na tàlant an aca fhèin a leasachadh, cuide ris na sgilean, na beachdan agus am fiosrachadh a dh'fheumas iad airson a bhith soirbheachail nam beatha. Tha e mu dheidhinn a bhith a' feuchainn rudan ùra, ag obrachadh le beachd-smuaintean ùra, a' cleachdadh innleachdas agus mòr-mhiannan a bhith aca. Tha fada a bharrachd an lùib 'soirbheachas' na bhith dìreach a' faighinn tro dheuchainnean. Tha e a' gabhail a-steach grunn choileanaidhean eile – ann an rudan mar spòrs, ceòl agus ealain, ann a bhith a' cuideachadh sa choimhearsnachd, ann a bhith a' faighinn trèanadh agus a' faighinn a' chiad obair no a' ruith gnothachas.

Tha Soirbheachas a' tighinn 85% bho sgilean agus beachdan agus 15% bho fhiosrachadh.

Tha a bhith ag ionnsachadh ann an dòighean iomairteach a' cuideachadh dhaoine òga gus deisealachadh airson na beatha seach gu bheil iad ag amas air a bhith:

- ag ionnsachadh ann an suidheachadh beatha fìor
- ag ionnsachadh mu ionnsachadh
- a' leasachadh sgilean beatha agus luachan
- a' brosnachadh dleastanas
- a' tuigsinn mu bhith a' cumail rian air airgead agus goireasan
- ionnsachadh gnìomhach – 'ionnsachadh le bhith a' dèanamh'
- ceangalaichean le gnothachasan far a bheil seo iomchaidh
- ceangalaichean leis a' choimhearsnachd
- cothroman eadar-dhealaichte
- sealladh nàiseanta agus eadar-nàiseanta/cruinneil
- a' toirt pàrantan agus teaghlaichean na lùib.

Ciamar a bhuannaicheas an leanabh agam?

Leasaichidh iad:

- misneachd agus fèin-mheas
- luachan agus beachdan deimhinne
- comas obrachadh gu math le daoine eile
- barrachd neo-eisimeileachd agus dleastanas
- mothachadh nas fheàrr mun deidhinn fhèin agus mu dhaoine eile
- sgilean cruthachail
- sgilean conaltraidh
- mòr-mhiannan ùra agus mar a choileanar iad
- an comas cunnartan reusanta a mheasadh agus a ghabhail
- sùbailteachd agus comas dèiligeadh ri atharrachadh
- tuigse nas fheàrr air saoghal na h-obrach agus air a' choimhearsnachd.

Cuidichidh seo air fad cothroman dhaoine òga san àit'-obraich agus mar shao-ranaich chunntasach agus mar bhuill den choimhearsnachd ionadail san àm ri teachd.

Dè is urrainn dhomh a dhèanamh gus an lean-abh agam a dhèanamh nas iomairtiche?

Is iad cuid dè na dòighean as èifeachdaiche:

- ▶ a bhith a' toirt dhaibh gnìomhan agus dleasan aig an taigh agus a' toirt taic dhaibh gus an coileanadh gu soirbheachail
- ▶ a bhith deimhinne – a' tionndadh droch shuidheachaidhean no mearachdan nan cothroman ionnsachaidh
- ▶ a' sireadh am beachd agus a bhith gan toirt an lùib a bhith a' dèanamh cho-dhùnidhean
- ▶ a bhith gam brosnachadh gus eòlas a chur air rudan ùra – chan fheum e daonnan airgead a chosg
- ▶ a bhith a' toirt cuideachadh fìor dhaibh gus na beachd-smuaintean aca fhèin a leasachadh, no planaichean dreuchd a tha a' freagairt air na h-ùidhean, tàlant an agus comasan aca fhèin.

Dè tha sgoiltean a dèanamh?

An àite a bhith daonnan ag innse dhan an lean-abh agaibh dè a bu chòir dhaibh a dhèanamh agus ciamar a nì iad e, bidh luchd-teagaisg gu tric a' toirt taic agus brosnachadh dhaibh gus na co-dhùnidhean aca fhèin a dhèanamh, gus smuaineachadh air rudan iad fhèin agus gus dleasan a ghabhail airson an cuid ionnsachaidh fhèin.

Tha an dòigh-dèiligidh seo a' cuideachadh an leanabhaigh agaibh gus fèin-mhisneachd a thogail, beachd-smuain 'is urrainn dhomh' a leasachadh, cuide ris a' chomas ro-riatanach a bhith ag ionnsachadh bho mhearachdan.



Dh'fhaoidte gun cuir sgoiltean air dòigh rudan leithid:

- A bhith ag ionnsachadh mu dheidhinn 'Daoine a bhios gar cuideachadh', le tadhailean bho dhaoine ionadail leithid neach-smàlaidh, neach-poileis, lighiche-sprèidh, etc
- Pàrantan no Seana-phàrantan a thoirt a-steach dhan an sgoil gus bruidhinn mu na h-obraichean aca
- Rudan a dhèanamh agus an reic gus maoin a thogail airson na sgoile no airson carthannas
- Pròiseactan a chuireas ris a' choimhearsnachd nas fharsainge, leithid ath-chuartachadh, a' gabhail cùram airson na h-àrainneachd agus a' dèanamh obair shaor-thoileach
- Sgrùdadh ionadail air trafaig, bùithtean, taigheadas, agus na h-obraichean a bhios daoine a' dèanamh, etc
- Cothroman eòlas-obrach do chloinn nas sine
- Ceangalaichean agus eòlasan eadar-nàiseanta
- Ionnsachadh taobh a-muigh uairean na sgoile agus cothroman sgoilearachd.

Am b' urrainn dhuibhse, am fastaiche no an gnothachas agaibh a dhol an lùib na sgoile ann an cuid de na gnìomhan gu h-àrd?

Ciamar is urrainn dhomh mo leanabh a chuideachadh gus roghainnean dreuchdail a dhèanamh?

Tha fios againn gur ann aig pàrantan a tha a' bhuaidh as cudromaiche air roghainn dreuchdail an leanabh aca. Faodaidh sibh an leanabh agaibh a chuideachadh le bhith:

- deimhinne, agus am brosnachadh gus faighinn a-mach mu na h-obraichean agus na raointean-obrach sa bheil ùidh aca
- ag amas air na rudan air a bheil iad math agus a' bruidhinn riutha mu na dòchasan agus na mòr-mhiannan aca
- a' dol an-sàs le bhith an làthair aig tachartasan sgoile mu bhith a' taghadh dreuchd
- gan dèanamh mothachail gu bheil gach seòrsa obrach fosgailte do nigheanan agus do bhalaich
- a' dèanamh deagh fheum den fhiosrachadh, den a' chuideachadh agus den a' chomhairle a tha ri fhaotainn
- a' dol còmhla ris an leanabh agaibh gu taisbeanaidhean dreuchdail agus làithean fosgailte aig gnothachasan agus companaidhean ionadail agus aig colaistean agus oilthighean
- gam brosnachadh gus eòlas-obrach fhaighinn no obair shaor-thoileach a dhèanamh.

Airson tuilleadh fiosrachaidh air na dòighean san urrainn dhuibh an leanabh agaibh a chuideachadh gus dreuchd a thaghadh, cuiribh fios chun na sgoile no Careers Scotland.

Faodaidh sibh barrachd fiosrachaidh fhaighinn air a seo gu lèir, no rud sam bith mu fhoghlam Albannach, air Parentzone. www.parentzonescotland.gov.uk

Dualan agus ceangalaichean feumail

Parentzone	www.parentzonescotland.gov.uk
Careers Scotland	www.careers-scotland.org.uk
Enterprising Careers	www.strath.ac.uk/enterprisingcareers
Determined to Succeed	www.determinedtosucceed.co.uk
Skill (biùro nàiseanta do dh'oileanaich le ciorramachdan)	www.skill.org.uk
BBC Parents	www.bbc.co.uk/schools/parents
Childcare Link Fòn: 0800 096 0296	www.childcarelink.gov.uk
One Parent Families Scotland Fòn: 0800 018 5026	www.opfs.org.uk
Parentscentre	www.parentscentre.gov.uk
ParentLine Scotland Fòn: 0808 800 2222	www.children1st.org.uk/parentline
Parent Network Scotland Fòn: 0131 555 6780	www.parentnetworkscotland.org.uk
Enquire (An t-seirbheis comhairle Albannach airson taic a bharrachd airson ionnsachadh) Loighne-cuideachaidh: 0845 123 23 03 Fòn-teacsa: 0131 222 2439	www.enquire.org.uk

Seo an ochdamh bileag ann an sreath. Tha e a' comharrachadh am fìor dhìofar a dh'fhaodas agus a tha pàrantan a' dèanamh ann an ionnsachadh an cuid chloinne. Còmhla ri comhairle ionadail a gheibh sibh air na dòighean-obrach a tha aig sgoil an leanaibh agaibh, taigridh an t-sreath seo tuilleadh fiosrachaidh a chuidicheas sibh gus a dhòl an sàs nas motha ann am foghlam an leanaibh agaibh. Tha bileagan foillsichte eile ann air Obair-dachaigh, A' roinneadh fiosrachadh, Oidhcheannan phàrant, Saor-làithean sgoile, A' tòiseachadh bliadhna sgoile ùr, Roghainnean fallain, Ionnsachadh air taobh a-muigh na sgoile agus Teicneolas ùr ann an ionnsachadh. Tha an t-sreath cuideachd a' toirt a-steach stuthan airson sgoiltean agus luchd-teagaisg air na cuspairean seo.

Ma tha sibh airson fios a leigeil thugainn, no cuspairean a mholadh airson bileagan eile, feuch gun tadhail sibh air www.parentzonescotland.gov.uk no fònaibh 0131 244 0956. Bidh a' bhileag seo ri faotainn ann an cànanan coimhearsnachd agus riochdan diofraichte bhon fheadhainn a chì sibh san sgoil no air làrach-lìn Parentzone.

Chaidh an t-sreath seo a dheasachadh ann am com-pàirt ris an Aonad Càileachd ann am Foghlam (Oilthigh Shrachhluaidh) agus Clann ann an Alba.

Thathar a' meas gu bheil an t-eadar-theangachadh seo na riochdachadh cuimseach dhen tùs-sgrìobhainn.



SCOTTISH EXECUTIVE



determined to succeed